



Teisteanais
Nàiseanta
2024

2024 Gàidhlig

Leughadh

Higher

Question Paper Finalised Marking Instructions

© Scottish Qualifications Authority 2024

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.



General marking principles for Gàidhlig Reading Higher

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (f) In the final question, candidates gain marks for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
 - (i) For questions that ask simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - (ii) For questions that ask candidates 'Mìnich...' or ask 'Ciamar...', they must identify cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (iii) For questions that ask candidates 'Seall mar a tha...', they must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
 - (iv) For questions that ask 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

Stiùiridhean Comharrachaidh

Leughadh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<ul style="list-style-type: none"> • Tha i ag ràdh gu bheil na beathaichean “ag altram”/ “a’ dìon”/“a’ deasachadh” an fheadhainn òg - faclan a tha a’ sealltainn gu bheil iad gan ullachadh airson an t-saoghail mhòir. • Tha i a’ fàgail air inbhich gu bheil iad “aineolach” agus gu bheil a’ chlann “fada nas siùbhlaiche”. 	2	
2.		<p>A trì a-mach à:</p> <p>Taghadh-facail:</p> <ul style="list-style-type: none"> • “chlisg mi nuair a chuala mi bìgeil”/“feumaidh gun robh cuideigin air fios a chur thugam” - ’s e annas a th’ ann gu bheil i air teacs fhaighinn • “Dh’fheuch mi”/“Aon uair ’s gun do dh’eadar-theangaich mi” - chan eil an sgrìobhadair an toiseach a’ tuigsinn cainnt teacs ann an Gàidhlig (“J dol n8?”) • “strì” - tha trioblaid aice teacs a chur air ais • “a bhruthadh ” tha e a’ sealltainn cho luideach/cliobach ’s a tha i ann a bhith a’ làimhseachadh fòn • “cainnt choimheach” - tha na faclan (uaim) seo a’ sealltainn nach eil i a’ tuigsinn na teachdaireachd <p>Structar-seantans:</p> <ul style="list-style-type: none"> • “teacs a leughadh an toiseach ... <i>J dol n8?...</i>” Tha an trì-puing air gach taobh ag innse dhuinn gu bheil e a’ toirt greis dhi an teacs a thuigsinn • “an robh cuideigin air fios a chur thugam?” - tha comharra-ceist air a chleachdadh gus sealltainn gun do chuir seo iongnadh oirre 	3	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.	<p>A trì a-mach à:</p> <p>Ìomhaigheachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> • “a’ mhèirleach” - tha am meatafor den mhèirleach, a tha a’ toirt leis na tha e ag iarraidh gun chead, mar a tha a mac a’ falbh leis a’ fòn • “Le òrdagan a’ dol mar an dealanach,”/“ann am priobadh na sùla” - tha an samhla/meatafor a’ sealltainn dhuinn cho furasta agus nàdarrach ’s a tha e dhan mhac dèiligeadh ris an t-suidheachadh. • “mar phàist” - ged a bha ise na h-inbheach agus am fear a bha ga cuideachadh na ghille òg, tha an samhla a’ sealltainn dhuinn nach eil na sgilean aicese aig ìre agus gu feum esan ionnsachadh a thoirt dhi. <p>Structar-seantans/Ìoranas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha an gille òg a’ cur cheistean air a mhàthair. “Dè bha thu a’ feuchainn ri ràdh co-dhiù?”/“Dad sam bith eile an-dràsta?” - tha seo a’ dèanamh soilleir gur esan a tha ga h-ionnsachadh. • “cho fada, fada a-mach à fasan” - tha ath-aithris a’ cur cuideam air cho sàraichte ’s a tha an gille leis cho seann-fhasanta ’s a tha a mhàthair. <p>Ìoranas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ged a bha e fada na b’ òige na i, bha am fear òg fada na bu sgileile air teacsadh na a mhàthair - cha robh i air seo ionnsachadh dha • “le coltas crosta air agus e a’ crathadh a chinn.” - Tha an gille òg a’ call fhoighidinn - mar as trice, bhiodh inbheach a’ call fhoighidinn le pàist 	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.		<p>Pearsanachadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • “Bha am fòn <u>na thàmh</u>” - tha am fòn a bha a’ cur dragh oirre air leigeil leatha airson greis • Bha am fòn “a’ cnuasachadh air an ath dhùbhlán” - tha am fòn mar nàmhaid dhi/tha am fòn airson a nàrachadh • “am faca mi aodann beag buidhe cruinn agus e a’ dèanamh lachan gàire?” - Tha am fòn a’ tighinn beò agus a’ tarraing aiste/Tha am fòn ag obair leis fhèin na h-aghaidh 	2	
5.		<ul style="list-style-type: none"> • nàire - “mo chuid laigsean air an taisbeanadh a-rithist, GU POBLACH!” - tha nàire oirre leis gun robh daoine a’ faicinn cho truagh ’s a tha i • gun fheum - “laigsean”/“chan ionnan sin agus comas a chleachdadh!” - chan urrainn dhi an obair aice a dhèanamh gu ceart 	2	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a’ sgrìobhadh cho fad ’s a tha am freagairt air a thoirt le fianais a’ sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
6.		<ul style="list-style-type: none"> • “bha mi a’ feuchainn ri bhidio air an eadar-lìon a shealltainn”. - ach cha b’ urrainn dhi obrachadh. Mar thoradh air seo, “Bha an clas air aire a chall” • “bha mi fhìn a’ fàs iomagaineach”/bha fallas oirre - Bha i troimh-a-chèile agus fios aice gun robh a h-uile duine a’ feitheamh oirre • “ùr-ach-adh?” - chan eil tuigse sam bith aice air an fhacal seo anns an t-seadh seo • “Fosgail uinneag” - tha i a’ gabhail ris a’ mholadh seo gu litireil, chan eil i a’ tuigsinn briathrachas teicneòlach 	3	Ann a bhith a’ ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a’ sgrìobhadh cho fad ’s a tha am freagairt air a thoirt le fianais a’ sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.		<ul style="list-style-type: none"> Gum bi tuigse aig an òigridh air daoine a tha nas sine (1) <p>Mìneachadh: (1)</p> <ul style="list-style-type: none"> Tha i ag aideachadh gu bheil an suidheachadh aice ga fàgail gu math “mì-chofhurtail” “Cha b' urrainn dhòmhsa a bhith cho ealanta air coimpiutair”/“Cha robh mise air mo chuaireachadh” - cha d' fhuair i cothrom eòlas a chur air teicneòlas na h-òige 	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
8.		<p>A trì a-mach à:</p> <p>Taghadh-facail:</p> <ul style="list-style-type: none"> “Shuidh e san t-seathar agam”/“làn choltas air gun robh smachd aige air a' ghnòthach.” Tha làmh-an-uachdair/ùghdarras aig a' ghille - tha esan air gnothaichean a ghabhail os làimh a-nise. “nochd an dearbh dhealbh a bha a dhìth orm” - rinn e a' chùis air an trioblaid <p>Ìomhaigheachd:</p> <ul style="list-style-type: none"> “Ghleus e a làmhan os cionn a' choimpiutair.” Tha e mar gum biodh e a' dol a chluich ionnsramaid-ciùil mar phiàna/tha e mar lannsair a tha dol a thòiseachadh air opairèisean - gu feum e e fhèin ullachadh airson an obair seo a thoirt gu ceann. “mo sheanmhair a' fighe stocainn air ceithir biorain” - tha corragan a' ghille gu math sgiobalta/tha na fuaimean a tha e a' dèanamh coltach ri cuideigin a' fighe mar gum b' e obair ealanta a tha seo 	3	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
		<ul style="list-style-type: none"> • “sheas an gaisgeach òg ... a’ toirt rocaid air ais gu talamh” - Tha an sgrìobhadair a’ dèanamh dealbh an seo de speuradair a tha a’ dèanamh obair uabhasach doirbh, cudromach. <p>Structar-seantans:</p> <ul style="list-style-type: none"> • “Thòisich e air cliogadh agus air briogadh...” Tha liosta de ghnìomhairean air a chleachdadh airson sealltainn cho ealanta ’s a tha e/gun robh tòrr aige ri dhèanamh. • “Thòisich e air cliogadh agus air briogadh...” Tha an seantans fada air a bhriseadh le cromagan agus tha na pàidhrichean de dh’fhaclan anns gach pìos a’ freagairt air a chèile. • Tha comhardadh air a chleachdadh airson sealltainn cho èifeachdach ’s a tha am fear òg: “cliogadh” agus “briogadh”/ “bualadh” agus “bruthadh”/“sgileil” agus “sgiobalta”. 		
9.		<ul style="list-style-type: none"> • Airson cur ann an inntinn an tidseir gu bheil e a-nise ro anmoch airson tòiseachadh/gur iad na sgoilearan a tha a’ stiùireadh an leasain (1) <p>Fianais le mìneachadh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • “dè an obair a bha gu bhith againn”. Tha an tràth seachad a’ sealltainn dhuinn gun deach cus ùine a chaitheamh. (1) • “agus sùil aige air a’ chloc” - tha e a’ dèanamh seo airson comharra a thoirt dhan tidsear nach leig i a leas tòiseachadh (1) 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.	(a)	<ul style="list-style-type: none"> • Tha an tidsear air taisbeanadh nach eil sgot aice mu theicneòlas • A-nis tha i ag amas air leasan a thoirt seachad mu shàbhailteachd air-loidhne, cuspair a thuigeas na sgoilearan fada nas fheàrr na i fhèin 	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
	(b)	<ul style="list-style-type: none"> • “O a bhith mar mhathan bàn le ròn mòr reamhar na beul.” - b' fheàrr leatha gun robh an t-eòlas/coimeas aice a dhèanadh feum dhan chloinn • “Chuireadh na cuileanan beaga acrach fàilte air an tidsear thapaidh” - tha am facal “acrach” a' sealltainn gu bheil a' chlann feumach air ionnsachadh/sgilean beatha gus tighinn beò san t-saoghal (ach nach eil iad a' faighinn seo/chan eil comas aig an tidsear seo a thoirt dhaibh) 	2	Ann a bhith a' ceartachadh na ceist seo feumaidh luchd-ceartachaidh a bhith deònach gabhail ris na tha oileanaich a' sgrìobhadh cho fad 's a tha am freagairt air a thoirt le fianais a' sealltainn carson a tha e ceart no freagarrach mar fhreagairt dhan cheist.
11.		<ul style="list-style-type: none"> • "Clann an latha an-diugh" - 's e abairt a tha seo a tha a' tarraing air mar a shàraicheas clann inbhich ach 's ann a tha an dearbh rud eile fìor an seo far an deach atharrachadh gu “Inbhich” • Tha an clisg-phuing aig deireadh an tiotail a' nochdadh dhuinn gu bheil an earrann gu bhith aotrom agus gu bheil an sgrìobhadair deònach fèin-mhagadh a dhèanamh oirre fhèin • Tha an abairt “an latha an-diugh” a' nochdadh dhuinn gur ann mu dheidhinn atharrachadh a bhios an earrann 	2	Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12.		<ul style="list-style-type: none"> • “bhon a bha mi cho sean is mi fhathast beò” - chan eil i a' falach gu bheil i ro shean teicneòlas a thuigsinn • “tàire leis nach b' urrainn dhan tidsear aca dad a theagasg dhaibh”/“A' faireachdainn gu beag feum”./“an leasan a' tuiteam às a chèile orm” - tha i ag aideachadh nach eil i air a h-uidheamachadh airson leasan mar seo. • “Rinn e osna 's e a' leigeil air gun robh fhoighidinn buileach air a thrèigsinn.”/“mothachail nach robh cùisean a' gluasad buileach cho luath 's a bu mhath leis” - tha i a' tuigsinn gu bheil na laigsean aice ag adhbharachadh dragh do dhaoine eile. 	2	

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]